

SIONAGOG GARNETHILL *coisrigte ann an 1879*

Chaidh an togalach seo, a' chiad sionagog air a togail a dh'aon ghnathaich, a thogail do Choitheanal Eabhrach Ghlaschu, a bha air a bhith ann bho 1823.

Chuireadh a' chlach-stèidh sìos le Mgr Benjamin Simons sa Mhàrt 1877, agus nuair a bha an togalach crìochnaichte chaidh a choisrigeadh leis an Rabaidd an Dr Hermann Adler (a bha gu bhith na Phrìomh Rabaidd) air 9 Sultain 1879, a' fàgail an t-sionagog seo mar aon de na deich Sionagogan eachdraidheil a b' àirde san RA.



Bha an togalach air a dheilbh le ailtire ionadail, Iain MacLeòid, ann an co-chomhairle le Nathan Joseph, ailtire Iùdhach à Lunnainn, agus tha eileamaidean de stoidlichean Mòrach, Ròmanach agus Gothach na lùib, le beagan de fheartan Bysantine. The e glè thrìc aithnichte mar “Mathair Sionagogan Ghlaschu”.

Tha am prìomh dhòras 8 troighean a leud. Air a shnaigeadh ann an Eabhrais san àrd-dòras tha Deuteronomy C32, r12. Tha an t-eadar-theangachadh Beurla a' ciallachadh THE LORD ALONE DID LEAD HIM AND THERE WAS NO STRANGE GOD WITH HIM (B' e an Tighearna fhèin a stiùir e agus cha robh dia coimheach sam bith còmhla ris). Tha luach àireamhach nan litrichean Eabhrach a chaidh a chleachdadh san rann seo, a' dèanamh suas ceann-latha bun-stèidh an togalaich.



Tha suidheachain san Talla Ùrnaigh do suas ri 500 neach-adhraidh. Tha Gailearaidh Bhoireannach ann, oir tha Iùdhachd traidiseanta ag iarraidh gum bi boireannaich agus fireannaich nan suidhe sgarichte. Tha na seirbheisean air an stiùireadh leis

an Leughadair no an Seinneadair bho Dheasg an Leughadair air àrd-ùrlar àrdaichte (am Bimah) ann am meadhan an ùrlair, an seo dèante de fhiodh daraich liomhaichte.



Is e an Àirc Naomh (Aron Kodesh) am prìomh àite san Sionagog, air a suidheachadh ann an cùlaist sa Bhalla an Ear, a' coimhead ri Iarusalam. Anns an Àirc tha na Sgrolaichean Torah sa bheil na Còig Leabhraichean aig Maois air an làmh-sgrìobhadh air pàipear-craicinn. Tha pannal san uinneag dhòmach os cionn na h-Àirc, air a bheil sgrìobhte a' chiad dà fhacal Eabhrach sna Deich Àithntean.



Os cionn na h-Àirc tha an Lampa Mhaireannach (Ner Tamid), air a càradh an sin mar chuimhneachan air solas an Teampaill.

Tha na searmoinean air an libhrigeadh bhon Chùbaid air a bheil ainmean sgrìobhte de chuid de na stiùirichean-tuatha urramach ainmeil a bha air a' Choitheanal.

Chaidh an Sionagog a dhèanamh suas gu mòr-ìre ann an 1998 (Ailtire – W.I. Rothach, Cill Mhearnaig) agus ath-choisrigeadh leis a' Phrìomh Rabaidd, an Dr Jonathan Sacks (a-nis am Morair Sacks). Tha e ainmichte mar thogalach liostaichte aig ìre 'A'.

Dealbhan le Monique Chaimbeul